# Bòrd na Gàidhlig

| Geàrr-chunntas Coinneamh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan<br>Coinneamh air Diciadain 26/01/2022 09.30 – 12.30<br>Tro Teams | Minutes of the Policy & Resources Committee Meeting<br>Meeting on Wednesday 26/01/2022 09.30 – 12.30<br>Via Teams |
|---|---|

| | | |
|---|---|---|
| | **SEISEAN DÙINTE** | **CLOSED SESSION** |
| | **Buill Bùird an Làthair:**<br>Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]<br>Dòmhnall MacAoidh [DMA]<br>Màiri NicAonghais [MTNA] | **Board Members Present:**<br>Donald MacLeod (Chair) [DML]<br>Donald MacKay [DMK]<br>Màiri MacInnes [MTMI] |
| | **A' frithealadh:**<br>Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]<br>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais agus Cùisean Corporra [NP]<br>Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim [SW]<br>Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (Eadar-amail) [IMM]<br>Anna Walker, Oifigear Planaichean Cànain [AW] *(Puing 6)*<br>Kyle Orr, Oifigear Planaichean Cànain [KO] *(Puing 6)*<br>Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]<br>Stuart Pescodd, Riaghaltas na h-Alba [SP] *(Puing 2)*<br>Niall Bartlett, Riaghaltas na h-Alba [NB] *(Puing 2)* | **In attendance:**<br>Shona MacLennan, Ceannard [SML]<br>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs [NP]<br>Jim Whannel, Director of Education [JW]<br>Iain MacMillan, Interim Director of Development [IMM]<br>Anna Walker, Language Plans Officer [AW] *(Point 6)*<br>Kyle Orr, Language Plans Officer [KO] *(Point 6)*<br>Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]<br>Stuart Pescodd, Scottish Government [SP] *(Point 2)*<br>Niall Bartlett, Scottish Government [NB] *{Point 2)* |
| 1.1 | **Fàilte is Leisgeulan** | **Welcome & Apologies** |
| 1.2 | **A' Nochdadh Chom-pàirtean**<br>MTNA – Oilthigh Glaschu (Ceòlas)<br>DML – Comhairle nan Eilean Siar | **Declaration of Interests**<br>MTMI – University of Glasgow (Ceòlas)<br>DML – Comhairle nan Eilean Siar |
| 1.3 | **Geàrr-chunntas na coinneamh air 09/11/2021**<br>Thug Buill fa-near don gheàrr-chunntas. | **Minutes from meeting on 09/11/2021**<br>Members noted the minutes. |
| 1.4 | **Clàr Gnìomhan**<br>Thug Buill fa-near don chlàr gnìomhan. | **Actions Listing**<br>Members noted the actions listing. |
| 1.5 | **Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan - ri toirt fa-near**<br>Thug Buill fa-near don cho-dhùnadh eadar coinneamhan air Bun-riaghailtean na Comataidh. | **Decisions taken between meetings – for noting**<br>Members noted the decision taken between meetings on the Committee Terms of Reference. |
| 1.6 | **Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile**<br>Ballrachd na Comataidh agus Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh<br>Taing do Dhaibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachdan | **AOCB**<br>Committee and Board Membership<br>Thanks to Daibhidh Boag, Director of Language Planning and Community Development |
| **2.0** | **IONMHAS** | **FINANCE** |
| 2.1 | **Buidseat Bliadhnail**<br>Thug NP seachad am buidseat bliadhnail airson 2022/23 do na buill agus mhìnich i buidseatan airson nan ceithir bliadhna ri teachd.<br><br>Gus am faighear dearbhadh sgrìobhte air an Tabhartas-gus-Cuideachadh, chan urrainnear a bhith cinnteach dè an ìre maoineachaidh a bhios ann airson na h-ath bhliadhna. Ach thathas a' | **Annual Budget**<br>NP presented members with the annual budget for 2022/23 and outlined budgets for the following four years.<br><br>Until written confirmation of Grant in Aid is confirmed, the funding level for the next year cannot be certain. However it is assumed that income for 22/23 will be £5.779m. This includes a |

gabhail ris gum bi teachd a-steach airson 22/23 aig £5.779m. Tha seo a' gabhail a-steach bun-loidhne de Thabhartas-gus-Cuideachadh de £5.179m, a bharrachd air £200,000 a bharrachd airson leasachadh, £300,000 airson cosgaisean ruith agus £100,000 bho Corra airson Comunn nam Pàrant. Rinn NP mion-sgrùdadh a bharrachd air na cosgaisean sin.

baseline Grant in Aid allocation of £5.179m, as well as an additional £200,000 for development, £300,000 for running costs and £100,000 from Corra for Comunn nam Pàrant. NP gave a further breakdown of these costs.

Dh'fhaighnich Buill an robh e reusanta gabhail ris nach biodh àrdachadh atmhorachd ann. Fhreagair NP gun deach cuid de dh'atmhorachd a chur an sàs, ach leis a' gainnead àrdachaidh ris a bheilear an dùil a thaobh riarachadh Tabhartas-gus-Cuideachadh, chan eilear an dùil gun atharraich mòran. Tha am plana ionmhais meadhan-ùine a' dèiligeadh ris a' bheàrn sa bhuidseit.

Members asked whether it was reasonable to assume that there will not be an inflationary increase. NP responded that some inflation has been applied, but with the lack of increase expected in Grant in Aid allocation, it is not expected that much will change. The medium term financial plan addresses the gap in budget.

Chaidh innse cuideachd nach eil atharrachadh sam bith air tighinn air buidseat Riaghaltas na h-Alba, ach gum bi RnA a' coimhead airson sàbhalaidhean taobh a-staigh na bliadhna.

It was also pointed out that there has been no change to Scottish Government budget, but that SG will be looking for in-year savings.

Chaidh innse le Stuart Pescodd, Sgioba Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, gu bheil an sgioba air pròiseas ùr a chruthachadh agus tron phròiseas seo bu bheil iad air coimhead air na buidseatan aca gu lèir. Tha seo air gabhail a-steach àrdachadh ann am maoineachadh Bhòrd na Gàidhlig airson gach bliadhna, ach chan eilear cinnteach gum bi seo soirbheachail.

Stuart Pescodd, Scottish Government Gaelic Team, advised that the team has created a new process and throughout this process has looked at all of their budgets. This has included uplifts in Bòrd na Gàidhlig's funding for each year, however it is not guaranteed that this will be successful.

Mhol IMM gun tèid am buidseat seo, aon uair 's gu bheil e air aontachadh leis a' Chomataidh, chun a' Bhùird-stiùiridh mar mholadh. Dh'aontaich SML le seo, agus bheachdaich e gur dòcha gum biodh e feumail beachdachadh air a' Phlana Ionmhais Meadhan-ùine an cois a' bhuidseit.

IMM suggested that this budget, once approved by the Committee, goes to the Board as a recommendation. SML agreed with this, and considered that it may be useful to consider to Medium-term Financial Plan alongside the budget.

Chaidh am buidseat aontachadh suas gu 31 Màrt 2023 agus thèid na ceithir bliadhna a leanas aontachadh fa leth.

The budget was agreed up until 31st March 2023 and the following four years will be agreed separately.

Co-dhùnadh:
Dh'aontaich Buill ris a' bhuidseit suas gu 31 Màrt 2023.

Decision:
Members approved the budget up until 31st March 2023.

2.2 **Plana Ionmhas Meadhan-ùine**

Thug IMM seachad sealladh farsaing agus co-theacsa air a' Phlana Ionmhais Meadhan-ùine. Chomharraich e gu bheil e cudromach coimhead air na raointean air am feum Bòrd na Gàidhlig obrachadh anns na bliadhnaichean ri teachd, gus a bhith comasach air dèanamh cinnteach gu bheil an obair a thèid a lìbhrigeadh a rèir dùilean. Nì seo cinnteach gun cùm Bòrd na Gàidhlig smachd air mar a tha an obair aige a coileanadh nan amasan aige.

**Medium-term Financial Plan**

IMM gave an overview and context of the Medium-term Financial Plan. He noted that it is important to look at the areas which Bòrd na Gàidhlig has to deliver in the coming years, in order to be able to match up expectations and work delivered. This will ensure that Bòrd na Gàidhlig will be in control of how its work is delivering on its aims.

Chuir Buill taic ris a' mhodh-obrach seo agus dh'aontaich iad gu bheil e luachmhor a bhith a' dearbhadh an luach a tha Bòrd na Gàidhlig a'

Members endorsed this approach and agreed that is valuable to evidence the value that Bòrd na Gàidhlig is creating. Members requested clarity on

| | | |
|---|---|---|
| | cruthachadh. Dh'iarr Buill soilleireachd air na 'rùintean nach deach a choileanadh' a tha air an ainmeachadh sa phlana. Ghabh IMM ris a' bheachd seo. | 'unmet aspirations' mentioned in the plan. IMM accepted this comment. |
| | Dh'fhaighnich Buill am b' fhiach e rannsachadh a dhèanamh air dòighean maoineachaidh eile taobh a-muigh Riaghaltas na h-Alba. Chaidh dearbhadh gum feumadh a' bhuidheann ùine a chur a-steach gus feuchainn ri maoineachadh a bharrachd a lorg, rud nach eil aig Bòrd na Gàidhlig aig an àm seo. | Members asked whether it would be worth investigating alternative sources of funding outwith the Scottish Government. It was confirmed that in order to source additional funding, the organisation would need the capacity to invest time into this, which Bòrd na Gàidhlig does not have at the moment. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ionmhais Meadhan-ùine. | <u>Decision:</u><br>Members approved the Medium-Term Financial Plan. |
| 3.0 | **SEISEAN FOSGAILTE** | **OPEN SESSION** |
| 3.1 | **Fàilte is Leisgeulan**<br>Chur an cathraiche failte air a h-uile duine don choinneimh agus don luchd-amhairc a' coimhead air an t-sruthadh bheò. | **Welcome & Apologies**<br>The chair welcomed everyone to the meeting and to those watching the live stream. |
| 3.2 | **A' Nochdadh Chom-pàirtean**<br>MTNA – Oilthigh Glaschu (Ceòlas)<br>DML – Comhairle nan Eilean Siar | **Declaration of Interests**<br>MTMI – University of Glasgow (Ceòlas)<br>DML – Comhairle nan Eilean Siar |
| **4.0** | **IONMHAS** | **FINANCE** |
| 4.1 | **Aithisg Ionmhais gu 30/11/2021**<br>Thug NP fios air an aithisg ionmhais don Chomataidh. Tha an aithisg a' sealltainn geàrr-chunntas an dà chuid air an airgead a chaidh a ghealltainn airson na bliadhna ionmhais agus cuideachd air na pàighidhean a chaidh a dhèanamh mar thabhartasan agus ann an cosgaisean ruith. Air 30 Samhain bha £350,000 fhathast ri gealltainn, a' gabhail a-steach maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba airson oifigearan. Dùinidh tagraidhean airson an sgeama seo sa Ghearran. | **Finance Statement to 30/11/2021**<br>NP presented the finance report to the Committee. The report shows a summary of both the money that has been committed for the financial year and also the payments that have been made as grants and in running costs. At 30th November there was £350,000 yet to be committed, which includes additional funding from the Scottish Government for officers. Applications for this scheme will close in February. |
| | Bha fo-chosgaisean cosgais-ruith air a dhèanamh suas de fo-chosgais ann an diofar roinnean caitheamh a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach. | Running cost underspends were made up of an underspend in various spend categories including staff costs. |
| | Thathas an dùil gun tèid am buidseat leasachaidh a chosg gu h-iomlan. | It is anticipated that the development budget would be fully spent. |
| | Dh'iarr Buill gum biodh na h-aithisgean nas ùire, thug NP comhairle gur e seo an aithisg as ùire air sgàth a' phròiseas Riaghlaidh, ach chaidh cunntas labhairteach às ùr a thoirt mun t-suidheachadh gu deireadh na Dùbhlachd. | Members requested that the reports would be more current and NP advised that due to the Governance process this was the most up to date report, however a verbal update on the position to end December was given. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don aithisg ionmhais. | <u>Decision:</u><br>Members noted the finance report. |
| 4.2 | **Prìomhachasan is riaghailtean GLAIF 2022/23**<br>Thug SK aithris seachad air a' phàipear agus air an sgeama taic-airgid. | **GLAIF Priorities and rules 2022/23**<br>SK referred to the paper and the funding scheme. |

Mhol Buill gun rachadh coimhead air mar a bhios an sgeama air a ruith san àm ri teachd, airson coimhead air ciamar a b' urrainn do dh'obair nan oifigearan agus obair GLAIF tighinn còmhla.

Members suggested that the future of the scheme be looked at, to see how the work of the officers and the work of GLAIF could work together.

Thug SK fios gu bheil beachd aca coimhead ris an sgeama nuair a thig am Plana Nàiseanta ùr a-mach gus dèanamh cinnteach gum bi a' bhuaidh as motha aige.

SK has indicated that they intend to look at the scheme when the new National Plan comes out in order to ensure the maximum impact.

Dh'iarr Buill soillearachadh air na cùrsaichean bogaidh agus an deach measadh a dhèanamh orra. Chan eil seo air tachairt fhathast, ach bu chòir coimhead air seo nuair a thathar a' tighinn a-mach à Covid-19 agus siostaman ag obair nas cunbhalaiche na tha iad an-dràsta.

Members requested clarification on the immersion courses and whether an evaluation had been carried out. This has not yet happened, but this should be considered while emerging from Covid-19 and when systems are less disrupted than at present.

Dh'fhaighnich Buill cia mheud tidsear a tha seo a' trèanadh agus am bithear a' cumail sùil air na dreuchdan a tha ri fhaighinn do na tidsearan seo. Thug SW fios gun robh mu naoinear air a' chùrsa an-uiridh agus gun cosgadh seo eadar £40-50,000 gach neach-teagaisg. Bithear a' faighinn aithisgean bho na comhairlean agus a' cumail sùil air seo. Dhearbh SW gu bheil seo airson tidsearan 1+2.

Members asked how many teachers are being trained and whether the vacancies available for these teachers will be reviewed. JW reported that last year there were about nine people on the course, and this would cost between £ 40-50,000 per teacher. Reports are received from the councils and are being monitored. JW confirmed that this is for 1 + 2 teachers.

Co-dhùnadh:
Dh'aontaich Buill ris prìomhachasan is riaghailtean GLAIF airson 2022/23.

Conclusion:
Members agreed to the priorities and rules of GLAIF 2022/23.

## 5.0 PLANA GNÌOMH — OPERATIONAL PLAN

5.1 **Plana Gnìomh 2021/22 – Sgrùdadh**

Dh'aithris SNI gum faic Buill an t-adhartas sa Phlana tro na dathan agus gu bheil i den bheachd gu bheilear air deagh adhartas a dhèanamh.

**Operational Plan 2021/22 – Monitoring**

SML reported that Members can see the progress of the Plan through the colour coding and is of the opinion that good progress has been made.

Dh'fhaighnich Buill a bheilear an dùil gum bi barrachd adhartais ann agus sinn a' tighinn a-mach à Covid. Fhreagair SNI gun d' fhuaras fios a bharrachd mu bhith ag obair sna h-oifisean agus gum bi seo a' ciallachadhadh gum bi atharrachaidhean ann airson na buidhne agus nam buidhnean lìbhrigidh.

Members asked whether it would be expected that greater progress would be made as we emerge from Covid. SML reported that more information had been received about working in the offices and this would mean changes for the organisation and partner organisations.

Bha cuid de na cùisean sa phlana gnìomh co-cheangailte ri planaichean Gàidhlig agus mar a tha sgioba glè bheag ann an-dràsta. Thug SNI fios gu bheilear a' sanasachd an-dràsta airson oifigeir ùr agus chuir i fàilte air iarrtasan bhon luchd-amhairc. Tha eòlaiche cuideachd air a bhith a' cur taic ris an sgioba airson dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman ag obair cho math 's as urrainn.

Some of the issues in the operational plan were related to Gaelic language plans and that the team is currently very small. SML informed members that a new officer was currently being advertised and welcomed applications from those watching the live stream. An expert has also been assisting the team to ensure that the systems are working as well as possible.

Co-dhùnadh:
Thug na Buill fa-near don sgrùdadh air Plana Gnìomh 2021/22.

Conclusion:
Members noted the monitoring of the 2021/22 Operational Plan.

| 6.0 | CLEACHDADH | USAGE |
|---|---|---|
| 6.1 | **Amasan Àrd-ìre**<br>Thug SNI iomradh air na h-amasan àrd-ìre. Thuirt Buill gum biodh e feumail faicinn dè seòrsa adhartas a th' air a bhith ann leis na eagranan a rinneadh roimhe. | **High Level Aims**<br>SML gave an overview of the high level aims. Members raised that it would be useful to see what kind of progress there has been on previous editions. |
| | **Eagran 03, PGR001 Alba Chruthachail:**<br>Dh'iarr Buill fios mu dheidhinn luchd-ealain Gàidhlig agus dè tha seo a' ciallachadh do na buidhnean. Thuirt SNI gu bheil seo airson dèanamh cinnteach gu bheil an sgeama seo fosgailte do luchd-ealain Gàidhlig. Bha deagh choinneamh aig a' Cheannard agus luchd-obrach eile le Alba Chruthachail agus thug i fios gu bheil co-obrachadh math a' dol eadarra. | **Edition 03, PGR001 Creative Scotland**<br>Members asked to know about Gaelic artists and what this means for the organisations. SML has indicated that this is to ensure that this scheme is open to Gaelic artists. The Ceannard and other staff had a useful meeting with Creative Scotland and she noted that there was good co-operation between them. |
| | <u>Gnìomh:</u><br>Chuireadh Buill fàilte air coinneamh le Alba Chruthachail airson faighinn a-mach mu dheidhinn agus a' cur taic ris an obair aca. | <u>Action:</u> Members would welcome a meeting with Creative Scotland to find out about and support their work. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris na h-Amasan Àrd-ìre. | <u>Decision:</u><br>Members approved the high-level aims. |
| | **Eagran 03, PGR009 Comhairle Bhaile Dhùn Èideann**<br>Thuirt Buill gum biodh e math barrachd thargaidean fhaicinn taobh a-muigh foghlam. Thuirt SW gun tèid seo a thoirt air adhart tron Phlana Gàidhlig aca. | **Edition 03, PRG009 Edinburgh City Council**<br>Members raised that it would be good to see more targets outside of education. JW informed the meeting that this will be progressed through their Gaelic Language Plan. |
| | Chaidh a ràdh gu bheil cothroman air leth an Dùn Èideann agus mar sin gum biodh e math deagh cho-obrachadh fhaicinn sa phlana le coimhearsnachd cho beothail agus a tha a' putadh cùisean a thaobh na Gàidhlig. | It was remarked that Edinburgh has significant opportunities so it would be good to see good co-operation in the plan with such an active community that is pushing for Gaelic. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris na h-Amasan Àrd-ìre. | <u>Decision:</u><br>Members approved the high-level aims. |
| | **Eagran 02, PGR059 SpòrsAlba**<br>Thuirt Buill cho cudromach 's a tha a' bhuidheann seo agus dh'fhaighnich iad ciamar a tha an dàimh leis a' bhuidhinn seo. Thuirt KO gu bheil co-obrachadh glè mhath air a bhith ann leis an oifigear aca ach nach eil e buileach cinnteach ciamar a tha cùisean aig ìre nas àirde na seo. | **Edition 02, PRG059 SportScotland**<br>Members raised the importance of this body and asked how the relationship with this group was. KO noted that there has been very good co-operation with their officer but does not know about at a higher level. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris na h-Amasan Àrd-ìre. | <u>Decision:</u><br>Members approved the high-level aims. |
| 6.2 | **Planaichean Gàidhlig** | **Gaelic Language Plans** |
| | **Eagran 01, PGR067 Coimisean Fearainn na h-Alba 2022 – 2027**<br>Thug SW fios gu bheilear ag obair le buidhnean airson dèanamh cinnteach gu bheil amasan SMART aca agus gu bheil adhartas math ann le seo ach gu bheil obair a dhìth gu nàiseanta airson dèanamh cinnteach gu bheil targaidean SMART aig a h-uile plana. | **PT1 – Edition 01, PGR067 Scottish Land Commission 2022 – 2027**<br>JW stated work is being done with organisations to ensure that they have SMART objectives and that there is good progress on this but work is needed nationally to ensure that all plans have SMART targets. |

Mhol Buill gum feum aon neach le Gàidhlig a bhith air a' Bhòrd-stiùiridh aig a' bhuidhinn seo agus thug iad iomradh air a' cheangal làidir eadar fearann agus a' Ghàidhlig.

Members commended the fact that one Board member must have Gaelic and they raised the strong link between land and Gaelic.

Thuirt Buill gum biodh e math beagan Gàidhlig fhaicinn sna phlanaichean Gàidhlig agus dh'fhaighnich iad a bheil planaichean ri fhaighinn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Fhreagair SW gu bheil a' mhòr chuid dhiubh sa Bheurla nuair a tha iad gan sgrìobhadh agus nuair a tha dreachd deireannach ann gum feum iad tionndadh Gàidhlig a chur air dòigh.

Members raised that it would be good to see some Gaelic in the Gaelic Plans and they asked whether plans are available in Gaelic and English. JW replied that most are in English while they are being drafted and when they are finalised they are required to organise a Gaelic translation.

Co-dhùnadh:
Dh'aontaich Buill ris an eagran seo den Phlana Gàidhlig.

Decision:
Members approved this edition of the Gaelic Language Plan.

**Eagran 02, PGR007 Comhairle Aonghais 2022-2027**
Dh'fhaighnich Buill dè an ro-innleachd a th' aig Sgioba nam Planaichean air dèiligeadh ri coimhearsnachdan far nach eil coimhearsnachd Gàidhlig mhòr ann. Thuirt SW gu bheil iad air pròiseas nas stèidhichte a chruthachadh airson planaichean agus gum bi iad a' coinneachadh ris a' bhuidhinn airson 's gum bi iad a' tighinn gu co-dhùnaidhean a tha iomchaidh airson diofar sgìrean.

**PT2 – Edition 02, PGR007 Angus Council 2022-2027**
Members asked about the Plan Team's strategy for working with communities where there is not a large Gaelic community. JW informed members that they have been developing a more established process for plans and will be meeting with the body to reach decisions that are appropriate for different areas.

Chuir Buill a' cheist leis gur e sgìre bheag a th' anns a' Chomhairle seo, a bheil ceanglaichean rin togail eadar sgìrean timcheall orra no dòighean eile ann gus taic a chur ris a' phlana. Thuirt SW gum feum a' Chomhairle seo a bhith mothachail air sruthan maoineachaidh agus oifigearan airson nan amasan seo san sgìre aca fhèin. Thug SNI ioomradh air an dleastanas a th' aig Bòrd na Gàidhlig à rèir Achd na Gàidhlig airson nam planaichean Gàidhlig seo ag iarraidh gu reachdail.

Members questioned the fact as this Council is a small area, whether links are being built between surrounding areas or other ways of supporting the plan. JW stated that this Council needs to be aware of their funding streams and officers for these objectives in their area. SML referenced Bòrd na Gàidhlig's statutory responsibility under the Gaelic Language Act to request these Gaelic language plans.

Co-dhùnadh:
Dh'aontaich Buill ris an eagran seo den Phlana Gàidhlig.

Decision:
Members approved this edition of the Gaelic Language Plan.

6.3 **Buaidh bho aontaidhean 3-bliadhna**
Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. Chaidh an gluasad gu cùmhnantan fad-ùine a dhealbhadh gus taic a thoirt do na buidhnean lìbhrigidh sin gus barrachd luach an airgid fhaighinn agus barrachd cinnt a thoirt dhaibh.

**Impact of 3-year agreements**
NP gave an overview of the paper. The move to longer-term contracts was designed to support the delivery bodies achieve greater value for money and to provide greater certainty.

Bheir am pasgan obrach seo cothrom do Bhòrd na Gàidhlig beachdachadh air mar a thèid iad air adhart nuair a thig na h-aontaidhean a th' ann an-dràsta gu crìch.

This package of work will enable Bòrd na Gàidhlig to consider how to proceed once the current agreements come to an end.

Dh'fhaighnich Buill a bheil cothrom ann na h-aontaidhean sin a' leudachadh do bhuidhnean eile, agus a bheil cunnart ann gum fàg gin de na buidhnean na cùmhnantan. Dhearbh NP nach bi

Members asked if there is scope for extending these agreements to other bodies, and is there a risk of participants dropping out of the agreements. NP confirmed that this will not be

| | | |
|---|---|---|
| | fios air seo gus am bi toraidhean na h-aithisg ri fhaighinn. Nam biodh buaidh mhòr ann, rachadh beachdachadh air leudachadh . | known until the results of the report are known. If it is making significant impact, then expanding these would be investigated. |
| | Dh'innis SNI do Bhuill gu bheilear a' faighinn aithisgean gu cunbhalach bho na buidhnean leis na cùmhnantan seo gus am bi pròiseas ann gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd ann. | SML informed members that reports are received regularly from those on these contracts so there is a process to ensure quality. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the paper. |
| **7.0** | **IONNSACHADH** | **LEARNING** |
| 7.1 | **Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile** | **Progress with Secondary School Education** |
| | **Co-chomhairleachadh GTCS:**<br>Bidh sreath de choinneamhan ann eadar oifigearan BnG agus Foghlam Alba agus chaidh a mholadh gum bi BnG a' stiùireadh buidheann nàiseanta ma thig seo a-mach à seo. | **GTCS Consultation:**<br>There will be a series of meetings between BnG and Education Scotland officers and it has been recommended that BnG manage a national group if this is something which comes out of the consultation. |
| | **Measaidhean Buaidh mu ullachaidhean airson a bhith a' tilleadh don Sgoil san Fhaoilleach 2022:**<br>Leis gu bheil sgioba an fhoghlaim cho beag, bidh obair mar seo ag adhbharachadh dhuilgheadasan, gu sònraichte le clàr-ama gu math teann, ach bhathar den bheachd gun robh e gu math cudromach freagairt a chur a-steach. | **Impact Assessment for preparations for returning to school in January 2022:**<br>The small size of the education team causes challenges with this work, particularly as the timescale for providing a response was so tight, but it was considered important that a response was submitted. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don fhiosrachadh. | <u>Decision:</u><br>Members noted the information. |
| 7.2 | **Adhartas air trusadh agus glèidheadh luchd-teagaisg**<br>Tha an sgioba foghlaim agus an sgioba conaltraidh air fìor deagh obair a dhèanamh air goireasan airson seo agus thathar ag obair air iomairt sanasachd fhathast. | **Progress on recruiting and retaining teachers**<br>The education and communications teams have made significant progress on resources for this and are still working on an advertising campaign. |
| | Sa Mhàrt nithear measadh agus obair air mar a thèid an iomairt a thoirt air adhart às dèidh seo. | In March, work will be carried out on an evaluation and on how this initiative will be progressed. |
| | Thug Buill molaidhean seachad air na bhidiothan a chaidh air an eadar-lìon airson na h-iomairt seo. Thuirt iad gun robh iad gu math toilichte rudan cho brosnachail fhaicinn. | Members commented on the videos posted online for this campaign. They noted how glad they were to see some encouraging messages. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don fhiosrachadh. | <u>Decision:</u><br>Members noted the information. |
| **8.0** | **PLANA OBRACH NA COMATAIDH** | **COMMITTEE WORK PLAN** |
| 8.1 | **Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**<br>Thug SNI fios gun tèid am Plana Corporra ùrachadh an-ath-bhliadhna. | **Policy & Resources Committee Work Plan**<br>SML informed members that the Corporate Plan will be renewed next year. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris a' phlana obrach. | <u>Decision:</u><br>Members approved the work plan. |

| | | |
|---|---|---|
| **9.0** | **GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE** | **ANY OTHER BUSINESS** |
| | Thug Buill taing do Daibhidh Boag airson na h-obair a rinn e airson Bòrd na Gàidhlig agus airson na Gàidhlig san fharsaingeachd thar nam bliadhnaichean. | Members thanked Daibhidh Boag for his work for Bòrd na Gàidhlig and for Gaelic in general over the years. |
| | Thug MTNA fios gu bheil dithis ùr a' dol a thighinn air a' Bhòrd-stiùiridh. Chan eil barrachd fios ann aig an àm seo ach tha i gu math toilichte gu bheil Buill ùra a' dol a bhith a' tòiseachadh. | MTMI informed the members of the appointment of two new members to the Board. There is no further information at this time but she was pleased that new members will be starting. |
| | Ceann-latha na h-ath choinneimh: 10/05/2022 | Date for the next meeting: 10/05/2022 |
| **10.0** | **TAISBEANADH** | **PRESENTATION** |
| | **Comhairle nan Leabhraichean**<br>Thug Alison Lang, Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean, taisbeanadh seachad air a' bhuidhinn agus an obair a bhios iad a' dèanamh. Thug seo a-steach pròiseactan a th' aca, maoineachadh a tha iad a' toirt a-mach agus na planaichean aca airson an àm ri teachd. | **Gaelic Books Council**<br>Alison Lang, Director of Comhairle nan Leabhraichean, gave a presentation on the organisation and the work they do. This included their current projects, funding they distribute and their plans for the future. |
| | Thug Buill taing do Alison agus do Chomhairle nan Leabhraichean air fad airson na h-obair aca. | Members thanked Alison and all of Comhairle nan Leabhraichean for their work. |
| | Dh'fhaighnich Buill mu dheidhinn leabhraichean-claisneachd. Fhreagair AL gu bheil dùbhlain ann a bhith a' reic leabhraichean-claisneachd, agus thug i fios gu bheil e-books nas fhasa. | Members asked about audiobooks. AL responded that there are challenges in selling audiobooks and pointed out that e-books are easier. |
| | Bha còmhradh ann mu dheidhinn goireasan foghlaim agus ciamar as ghabhas iad seo a leasachadh às dèidh suidheachadh Covid-19 agus a' bhuaidh aig seo air foghlam. | There was a discussion about educational resources and how they can be improved after the Covid-19 situation and the impact on education. |
| | *Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh* | *Post-meeting Review of meeting* |

| | |
|---|---|
| Ceann-là na coinneimh | 26/01/2022 |
| Dearbhte le Sgioba-stiùiridh | 12/02/2022 |
| Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh | 16/02/2022 |
| Dearbhte le Cathraiche na Comataidh | 17/02/2022 |
| Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh | 16/02/2022 |
| Dearbhte le Buill an CPG | 14/03/2022 |
| Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET | 16/02/2022 |
| Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach | OND |